



AN COMUNN GÀIDHEALACH

ORGANISERS OF THE ROYAL NATIONAL MOD

DÀMHAIR 2021 / OCTOBER 2021

TEACHDAIREACHD BHON ÀRD OIFIGEAR

Tha Mòd Nàiseanta Rìoghail eile air tighinn 's air falbh. Tha sinn a-nise a' meòrachadh air tachartas na bliadhnsa, a bha eadar-dhealaichte an coimeas ri Mòdan a bha ann cheana. Bha mòran a' dol air loidhne, a thuilleadh air grunn chuirmean is farpaisean ann an taigh-cluiche Eden Court. Bha deagh chothrom an seo dhuinn cuirmean is eile a thabhan do dhaoine a bha airson a bhith anns an èisteachd agus cuideachd dhaibhsan a bha airson tachartasan fhaicinn ann an comfhurtachd an dachaighean fhèin, air feadh an t-saoghal.

Fhuair a' Ghàidhlig agus nan ealan fior dheagh thaisbeanadh fad seachdain a' Mhòid mar thoireadh air craolaidhean beò agus seirbheis telebhisean agus rèidio BBC Alba.

Bu mhath leam taing mhòr a thoirt do dh' fharpaisich, luchd com-pàirt, luchd-ciùil, còisirean, na meadhainean agus luchd-amharc a bha a' frithdealadh Mòd na bliadhnsa ann an dà-rìreabh agus air loidhne. 'S e àm dhùblannach, neo-àbhaisteach a th' ann fhathast agus tha sinn air leth taingeil airson na taice a fhuair sinn tron bhliadhna bhuuibh uile. Bha e na adhbhar dòchais agus togail-inntinn air leth dhuinn uile a bhith cruinn còmhla a-rithist an dèidh a bhith cho fada gun a bhith a' frithdealadh a' Mhòid.

Tha sinn a' fàgail soraidh slàn le Sandaidh NicDhòmhnaill Jones, Bàrd a' Chomuinn agus Tosgaire na Gàidhlig Alasdair C MacIleBhàin. Cha bheag an saothair a chuir iad romhpa anns an dà bhliadhna a chaith seachad agus chaith an dleastanasan a lìbhrigeadh gu dìcheallach. Aig a cheart àm, tha sinn a' cur fàilte air Bàrd ùr a' Chomuinn, Rody Gorman agus Tosgair Gàidhlig na Bliadhna, Agnes Rennies. Gu dearbha, tha sinn a' dèanamh fiughair ri bhith ag obair cuid ribh anns a' bhliadhna ri teachd.

Mu dheireadh, bu mhath leinn taing a thoirt gu na prìomh bhuidheanan taice, is iad Comhairle na Gàidhealtachd, Bòrd na Gàidhlig, Riaghaltas na h-Alba, Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean, Events Scotland agus Bliadhna Cladaichean is Uisgeachan na h-Alba 2021, Caledonian Mac a' Bhruthainn, Ùghdarris teisteanais na h-Alba, BBC Alba agus Sangobeg Investments. Cha bhiodh e comasach am Mòd a lìbhrigeadh am bliadhna as an aonais 's tha sinn gu mòr nan còmain airson an taic leanntainneachd.

Seumas Greumach
Àrd-Oifigear a' Chomuinn





AN COMUNN GÀIDHEALACH

ORGANISERS OF THE ROYAL NATIONAL MOD

MESSAGE FROM THE CHIEF EXECUTIVE

Another Royal National Mòd has come and gone as we reflect on this year's event. The hybrid model for the 2021 Royal National Mòd was unconventional in comparison to the traditional event model, offering an online programme of events combined with live events which took place at Eden Court. This allowed audiences the chance to come out and enjoy what was on offer as well as providing an opportunity for audiences at home and abroad to take in the event online. Our live streaming service, coupled with BBC Alba's television and radio coverage ensured that the Gaelic language and arts gained huge exposure throughout the week.

I'd like to thank all competitors, participants, musicians, choristers, media, and audience members who supported this year's event, both in person and online. We were overwhelmed by the support of this year's Mòd during what is still a challenging time for all. It was especially pleasing and heartening to see so many people come together in person again, after going so long without being able to gather socially and attend the Mòd.

We bid farewell to our Bàrd, Sandaith NicDhòmhnaill Jones and Gaelic Ambassador, Dr Alasdair C. Whyte and thank them for their commitment and endeavour in their respective roles over the past two years. At the same time, we welcome our newly appointed Bàrd, Rody Gorman, and Gaelic Ambassador, Agnes Rennie and look forward to working with them both in the coming year.

Finally, thank you to our main sponsors, Bòrd na Gàidhlig, The Highland Council, The Scottish Government, HIE, Events Scotland & Year of Coast and Waters, Caledonian MacBrayne and Scottish Qualifications Authority, BBC Alba and Sangobeg Investments, without whom we couldn't have delivered the event this year. We are extremely grateful to our sponsors for their continued support.

James Graham
Chief Executive, An Comunn Gàidhealach



TACHARTASAN MÒD 2021 RI FHAOTAINN AIR-LOIDHNE

Tha e duilich a chreidsinn gu bheil Mòd na bliadhna seo seachad. 'Be Mòd gu math eadar-dhealaichte a bh' ann, le pàirt dheth air a chumail air-loidhne, ach farpaisean agus tachartasan air an cumail ann an Cùirt Eden, Inbhir Nis cuideachd.

Chaidh cuirmean a chraoladh gach latha thairis air seachdain a' Mhòid, a' taisbeanadh taghadh den fheadhainn a ghlèidh àite le farpaisean Air-Loidhne. Tha na clàraighean sin fhathast ri fhaotainn air duilleag Facebook a' Mhòid agus seanal YouTube a' Chomuinn. Mar sin, mur a d' fhuair sibh cothrom fhaicinn aig an àm, no ma tha sibh airson am faicinn a-rithist, 's urrainnear am faicinn aig àm sam bith.

Taing mhòr dhan a h-uile duine a ghabh pàirt ann am farpaisean na bliadhna seo. Bha e cho math a bhith còmhla a-rithist ann an talla, ag èisteachd ri farpaisean agus cuirmean. Bha e na thlachd cuideachd, a bhith a'coimhead na taisbeanaidhean den fheadhainn a ghabh pàirt air-loidhne, bho gach ceàrnaidh den t-saoghail agus bha e cho math gun robh an cothrom sin ann cuideachd. Bha Mòd air-leth again.

Tha sinn a' coimhead air adhart gu mòr a-nis ri Peairt eadar 14-22 den Dàmhair 2022.



MOD 2021 EVENTS AVAILABLE ONLINE

It is hard to believe that the Mod is now over. It was a very different Mod this year, with part of it held online whilst there were also competitions and events taking place in person in Eden Court, Inverness.

An online showcase featuring those who were placed in this year's online competitions was broadcast on the Mod Facebook page and YouTube channel each evening throughout Mod week. These programmes are still available to view online, so if you missed them at the time, or would like to watch them again, you can do so at any time.

Many thanks to all who took part in this year's competitions. It was wonderful to gather together in a hall to enjoy competitions and concerts. It was also fantastic to be able to enjoy performances from those who took part in competitions online, from this country and beyond and it was great to have the opportunity to take part in this way too. It was a fantastic Mod.

We now look forward to Perth 14-22 October 2022!



TACHARTASAN AIR MYPLAYER

Chaidh prìomh chuirmean a' Mhòid, a chaidh a chumail ann an Cùirt Eden am bliadhna, a chraoladh beò air Myplayer cuideachd. 'S urrainnear na prògraman seo fhaicinn fhathast, le bhith a' tadhail air an duilleag gu h-iosal.

Tha sinn cho fortannach gum bidh na tachartasan sònraichte seo againn ri fhaicinn aig àm sam bith a thogras sinn.

<https://myplayer.uk/mod>

MYPLAYER EVENTS

This year's premier events, which took place in Eden Court, were broadcast live via Myplayer. These programmes are still available to view, by clicking on the link below.

We are delighted to be able to share these events online, which you can view at your leisure.

<https://myplayer.uk/mod>

PRÒGRAMAN AIR-LOIDHNE

Tha taisbeanaidhean a' Mhòid ri fhaicinn air duilleagan Facebook agus YouTube a' Mhòid.

Bruthaibh air na ceangalaichean gu h-iosal airson na taisbeanaidhean seo fhaicinn.



WATCH ONLINE

The Mod showcase events are available to view via our Facebook and YouTube pages.

To view this year's online showcases, please click on the following links.



PRÒGRAMAN AIR-LOIDHNE

Chaidh sreath de chuirmean air-leth a chumail thairis air seachain a' Mhoid ann an Cuirt Eden agus chaidh iad uile an craoladh beo air-loidhne air Myplayer.

Tha na programan seo fthatast ri fhaotainn air-loidhne. Tadhlaibh air duilleag a' Mhoid air Myplayer agus gheibhear liosta de na Cuirmean an sin.

www.myplayer.uk/mod

WATCH ONLINE

A series of fantastic concerts and events took place in Eden Court during Mod week and these were also broadcast live online via Myplayer.

These programmes are still available online. If you would like to watch these, visit the Mod page on Myplayer, where you will find the full list of available concerts.

www.myplayer.uk/mod

Date	Event	Action
8th Oct 7:30pm BST	Cuirm Fosglaidh a' Mhòid / Opening Mod Concert	Watch
9th Oct 7:30pm BST	Ar Cànan 'S Ar Ceòl / Our Language Our Music	Watch
12th Oct 7:30pm BST	An Ear / East	Watch
13th Oct 7:28pm BST	Bonn Òr a' Chomuinn / Gold Medal	Watch
13th Oct 9:00pm BST	A' Chlàrsach aig a' Mhòd / The Clàrsach at the Mod	Watch
14th Oct 1:58pm BST	Cuirm nan Còisir Diardaoine / Choir Event Thursday	Watch
14th Oct 7:28pm BST	An t-Seann Nòs / The Traditional Gold Medal	Watch
15th Oct 1:58pm BST	Cuirm nan Còisir Dihaoine / Choir Event Friday	Watch
15th Oct 7:28pm BST	Cuirm Criochnachaidh a' Mhòid / Mod Grand Finale	Watch

TORAIDHEAN

Tha toraidhean farpaisean Mòd Nàiseanta Rìoghail 2021 ri fhaotainn air an làrach-lìn againn.

Gheibhearr toraidhean airson farpaisean air-loidhne agus farpaisesan Cùirt Eden le bhith a' tadhail air an duilleag gu h-iosal.

TORAIDHEAN

DEALBHAN MÒD 2021

Tha taghadh de dhealbhan againn bho Mòd Nàiseanta Rìoghail 2021 rin lorg air an làrach-lìn againn.

Ma tha sibh airson leth-bhreac de dheilbh sam bith a cheannach, cuirbh fios gu Elaine Livingstone air post-d gu elaine@elainelivingstone.com



RESULTS

You can find results for all of this year's Royal National Mod competitions on our website.

To view results for both online and Eden Court competitions, please click on the following link.

RESULTS

MOD 2021 PHOTOS

A selection of photos from the Royal National Mod 2021 can be found on our website.

Should you wish to purchase any copies of these photos, please contact Elaine Livingstone, official Mod photographer, by emailing elaine@elainelivingstone.com







TOSGAIRE NA GÀIDHLIG 2021

Chaidh Duais Tosgaire na Gàidhlig 2021 a thoirt seachad le Alasdair Allan BPA. Thathas air a bhith a' toirt an duais seo seachad gach bliadhna aig a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail bho 2008, do neach a tha air obair mhòr a dhèanamh airson a' Ghàidhlig. Is e Riaghaltas na h-Alba a bhios a' toirt seachad an duais seo, le molaidhean bhon Chomunn Gàidhealach.

Am bliadhna seo, chaidh an duais a bhualeachadh air Agnes Rennie, à Gabhsann, Leòdas airson an obair a tha i air a dhèanamh airson na Gàidhlig, gu h-àraidih ann an saoghal foillseachadh leis an obair aice le Acair, ach cuideachd a thaobh foghlaim, cultar agus coimhlearsnachd. Chan eil fada bho leig Agnes dhith a dreuchd mar Mhanaidsear aig Acair, ach tha i fhathast an lùib pròiseactan aig iùre coimhlearsnachd, rud a tha na phàirt mhòr de a beatha.

Bha Agnes air a dòigh an duais seo fhaighinn.

Meal do naidheachd Agnes, 's sibh tha airidh air!

THE GAELOIC AMBASSADOR OF THE YEAR AWARD 2021

The Gaelic Ambassador of the Year Award 2021 was presented by Alasdair Allan MSP. This award has been presented at the Royal National Mod annually since 2008, to an individual who has done a significant amount of work for the promotion of the Gaelic language and culture. The Award is presented by the Scottish Government, by recommendation from An Comunn Gàidhealach.

This year's Award was presented to Agnes Rennie, from Galson on the Isle of Lewis. Agnes has done and indeed, is still doing, a tremendous amount of work for the Gaelic language over the years, particularly in the world of publishing, with her work with Acair, but also in the world of education, culture and community. Agnes recently retired from her post with Acair but is still involved with many community projects, which is a huge part of her life.

Agnes was delighted to receive the award and it is certainly well deserved!

Congratulations, Agnes.



CEÒL A' MHÒID NÀISEANTA RÌOGHAIL 2022

Tha e doirbh a chreidsinn gu bheil cola-deug air a dhol seachad on a thàinig am Mòd Nàiseanta Rìoghail 2021 gu crìoch! Abair deagh thachartas agus mòran taing dhan a h-uile duine a bha an sàs ann.

Tha ceist no dhà air a bhith againn, a' faighneachd mu dheidhinn ceòl airson Am Mòd Nàiseanta Rìoghail 2022 ann am Peairt agus cuin a bhios e a' tighinn a-mach.

Tha sinn ag obair cruaidh air seo an-dràsta agus bidh an ceòl ri fhaotainn san t-Samhainn, 's mar sin, cumaibh sùil a-mach air a shon air ar cunntasan sòisealta agus air làrach-linn a' Chomuinn: www.ancomunn.co.uk

ROYAL NATIONAL MÒD 2022 PRESCRIBED PIECES

It's hard to believe that a fortnight has passed since the 2021 Royal National Mòd came to a close! What a fantastic event and a huge thanks to everyone that was involved in making it so successful.

We've had a few questions come in, asking about the prescribed pieces for the 2022 Royal National Mòd in Perth and when further information will be coming out.

We're working hard on these just now and we're pleased to let you know that they will be made available in November - so keep an eye out for more news on this via our social media channels and the An Comunn Gàidhealach website: www.ancomunn.co.uk




POSTAIREAN

Taing mhòr dhan a h-uile sgoilear a chur thugainn postair airson farpaisean ealain na bliadhna seo - bha iad uile sgoinneil!

Seo agaibh an fheadhainn a fhuaireann nam farpaisean.

Tha iad uile rim faicinn air duilleag Facebook a' Mhòid, bruthaibh an seo:

<https://www.facebook.com/RoyalNationalMod>



POSTERS

A very big thank you to all those who entered our art competitions for this year's Mod – they were all fantastic!

Here are the winning entries for this year.

You can view all of this year's entries on the Mod Facebook page, [click here](#):

<https://www.facebook.com/RoyalNationalMod>



TEANTA A' MHÒID

Bha sinn toilichte gun robh cothrom againn ceòl beò a thoirt thugaibh ann an Teanta a' Mhòid, taobh a-muigh Cùirt Eden, gach feasgair, le seinn agus ceòl air-leth bho measgachadh de sheinneadairean agus cluicheadairean a leithid Aonghas Macleòid, Anna Nicléòid, Trosg, Còmhlan Cèilidh Monach Isle, Ceitidh Nic a' Ghobhainn, Cala, Ellen NicDhòmhnaill, Còmhlan Cèilidh Fèis Spè, Karen Elder agus mòran eile!

Bu mhath leinn taing mhòr a thoirt do Fèisean nan Gàidheal agus Cultarlann Inbhir Nis airson na seiseanan ciùil seo a chur air dòigh - chòrd iad rinn glan!

THE MOD TENT

We were delighted to be able to bring you live music sessions each afternoon during Mod week, from the Mod Tent outside Eden Court. We had some fantastic singing and music from an array of wonderful artists including Angus Macleod, Anna Macleod, Trosg, Monach Isle Ceilidh Band, Ceitidh Smith, Cala, Ellen Macdonald, Fèis Spè Cèilidh Band, Karen Elder and many more!

We would like to thank Fèisean nan Gàidheal and Cultarlann Inhir Nis for hosting these sessions – they were brilliant!

click on the image below for a wee taster from the Fèis Spè Cèilidh Band performing in the Mod Tent.



50 BLIADHNA!

Bha 50 bliadhna ann aig Mòd 2021 on a choisinn Alison Rapson agus Seumas Caimbeul na Buinn Òr aig a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail ann an Sruighlea!

Mealaibh ur naidheachd!



50 YEARS!

Mod 2021 marked 50 years since Alison Rapson and Seumas Campbell both won the esteemed An Comunn Gàidhealach Gold Medal at the 1971 Royal National Mòd in Stirling!

Congratulations!



CRUINNEACHADH NAN CÒSIREAN

'Be cruinneachadh nan còisirean aon de na tachartasan a dh' ionndrainn mòran dhaoine an-uiridh agus abair gun robh sinn uile toilichte gun deach e air adhart am bliadhna!

Bruthaibh an seo airson clàradh bho tachartas na bliadhna seo.

Taing mhòr do Chomunn nan Còisir airson an tachartas seo a chur air dòigh, agus do gach neach a ghabh pàirt.

Tha sinn a' coimhead air adhart gu mòr ris na còisirean a chluinntinn a-rithist an ath bhliadhna ann am Peairt!



MASSED CHOIRS

The Massed Choirs was one of the events that was greatly missed last year, and so we were all delighted that it was able to go ahead this year!

Click [on the link below](#) to view some of this year's event.

Our grateful thanks to the Gaelic Choirs Association for organising this year's event and thanks also to all the choristers for taking part.

We look forward to hearing all the wonderful Gaelic choirs again in Perth next year!



Click on the image above to view a beautiful rendition of Cearcall a' Chuain - àlainn!

BALLRACHD A' CHOMUINN

A bheil sibh n' ur ball den Chomunn Ghàidhealaich? Bidh buill a' Chomuinn a' faighinn lùghdachadh 50% air cosgaisean ticeadan a' Mhòid - 's e sàbhaladh mòr a tha seo dhuibh, gu h-àraidh ma bhios sibh a' frithealadh mòran thachartasan seachdain a' Mhòid.

Ma tha sibh airson ballrachd am bliadhna a phàigheadh no ma tha sibh airson ballrachd a thoirt a-mach tadhlaibh air:

www.ancomunn.co.uk

Ballrachd:

£15 (inbhich)
£5 (oileanaich)

JUSTGIVING

Ma tha sibh airson taic a thoirt dhan obair againn agus tabhartas a thoirt seachad, faodaidh sibh sin a dhèanamh tron duilleag JustGiving againn.



Donate to
An Comunn
Gaidhealach

AN COMUNN GÀIDHEALACH MEMBERSHIP

Are you a member of An Comunn Gàidhealach?

All members of An Comunn Gàidhealach receive a discount of 50% on Mod tickets - that's a big saving, particularly if you hope to attend a number of Mod events during the course of the week.

To renew your membership or to become a member, please login or register via the following link:

<https://enter.ancomunn.co.uk/>

Membership

£15 (adults)
£5 (students)

JUSTGIVING

Should you wish to support the work of An Comunn Gàidhealach, please feel free to make a donation via our JustGiving page.



BARD A' CHOMUINN

Bha e na thlachd dhuinn Rody Gorman ainmeachadh mar Bhàrd a' Chomuinn am bliadhna seo. Seo agaibh bhideo de Ailean Caimbeul, Ceann-suidhe a' Chomuinn, a' toirt seachad Crùn a' Bhàird do Rody. Bruthaibh air an dealbh airson am bhideo seo fhaicinn.

Mealaibh ur naidheachd, Rody.

AN COMUNN GÀIDHEALACH BÀRD

We were delighted to announce Rody Gorman as the new An Comunn Gàidhealach Bàrd. Here we have a video of Allan Campbell, President of An Comunn Gàidhealach, making the presentation to Rody. Click on the image to view the video.

Congratulations Rody.



**OISEAN BÀRD A' CHOMUINN –
FACAL SAN DEALACHADH BHO
SANDAIDH NICDHÒMHNAILL JONES,
DÀMHAIR 2021**

A chàirdean agus a bhanachàirdean còire

Abair toileachas agus cùis gàirdeachais a bh' ann dhuinn uile a bhith air ais còmhla aig Mòd Inbhir Nis sa mhìos seo. Abair cothrom sgoinneil airson spionnadh is ùrachadh ar cànan, ciùil agus deagh cuideachd; agus abair taisbeanadh nan tàlantán a fhuair sinn, nach urrainn nochdadh air an àrd-ùrlar rè bliadhna gu leth.

Mo thaing chridheil, uair eile, don a' Chomunn Ghàidhealach, a bhuilich urram Crùn a' Bhàird orm o chionn dà bhliadhna. Taing cuideachd airson cothrom an leabhar ùr agam 'An Seachdamh Tonn' a chur air bhog gu h-oifigeil air Là Litreachais a' Mhòid; taing do Ailean Caimbeul a bha sa chathair; agus cuideachd do Agnes Rennie agus Alison Lang, airson am faclan coibhneil aig an tachartas, as leth Acair agus Comhairle nan Leabhracinean.

Mo mheal-a-naidheachd blàth air an t-iar-theachdaiche agam mar Bhàrd a' Chomuinn, Rody Gorman. Tha mi a' guidhe dha lem uile cridhe tlachd, soirbheas agus gach beannachd sa bhliadhna roimhe san dreuchd. An cois chì sibh dàn goirid le mo dhùrachdan-fàilte do Rody.

Cùmaibh slàn agus sàbhailte, a chàirdean.
Ceud mile taing, agus soraidh slàn.
Beannachdan cridheil, mar an còmhnaidh.
Sandaidh

Diùideachd na Lasraich

Ge be crùn a th' ort, labhras no urram
guidheam tlachd dhut nad chuairt-sa mar Bhàrd:
gun tadhail a' Cheòlraidh air do chagailt
gach soirbheas led dhàin, a charaid airidh,
is tus' a thogas ar lasair-dileib an àird.

**Le Sandaidh NicDhomhnaill Jones
Bàrd a' Chomuinn Ghàidhealaich 2019-2021**

**Meal-a-naidheachd air Rody Gorman, Bàrd a' Chomuinn ùr
air Là-Litreachais Mòd Nàiseanta Rìoghail Inbhir Nis,
13mh Dàmhair 2021**

WWW.SANDYNICDHOMHNAILLJONES.COM

**THE BARD'S CORNER –
A FEW PARTING WORDS FROM
SANDY NICDHÒMHNAILL JONES,
OCTOBER 2021**

Dear Friends

What a great pleasure it was and cause for celebration for us all, to be together again at the Inverness Mòd this month. What a splendid opportunity for the vitality and renewal of our language, music and companionship; and what a showcase of talents we enjoyed, talents that have not been able to perform on stage for a year and a half.

My sincere thanks, once more, to An Comunn Gàidhealach for bestowing the honour of the Bardic Crown on me two years ago. Thanks too for the opportunity to launch my new book 'The Seventh Wave' officially on Literature Day at the Mòd; thanks to Allan Campbell for chairing the event; and also to Agnes Rennie and Alison Lang for their kind words on behalf of Acair Books and the Gaelic Books Council.

My warmest congratulations to my successor as Bàrd a' Chomuinn, Rody Gorman. I wish him most sincerely joy, success and every blessing in the post in the year ahead. You may see below a short poem offering him my welcome greetings to the role.

Keep safe and well, friends.
A hundred thousand thanks, and a warm farewell.
Warmest wishes, as ever.
Sandy

Torch-Bearer Bashfulness

Whether crown, laurel or honour you earn,
I wish you joy in your own bardic turn:
may the muses your hearth attend
may your verse thrive, worthy friend,
and may our inheritance-torch brightly burn.

**by Sandy NicDhomhnaill Jones
Bàrd a' Chomuinn Ghàidhealaich 2019-2021**

**Congratulations to Rody Gorman, the new Bàrd a' Chomuinn
on Literature Day at the Inverness Royal National Mòd,
13 October 2021**



BÀRD A' CHOMUINN 2021 - RODY GORMAN

Tha e na thlachd dha-rìribh dhomh gabhail ri urram Bàrd a' Chomainn Ghàidhealaich a thathar air buileachadh orm. Tha mi a' cur meal a naidheachd air Sandaigh agus a' toirt taing dhi airson na rinn i agus na sgrìobh i fhad 's a bha i san dreuchd. Ann a bhith a' gabhail ris an dreuchd mi fhìn tha mi mothachail is moiteil gu bheil mi a' leantainn làrach nam bàrd a chaidh romham, Bàrd Phàislig, Màiri NicGhillEathain, Aonghas-Phàdraig Caimbeul, Maoilios Caimbeul, Catriona NicGumaraid agus Aonghas MacNeacail nam measg, gun tighinn air an fhear a thug a-mach an duais ann an 1935, Dòmhnull Grannd à Camas Chros, far a bheil mi fhìn air a bhith a' fuireach o chionn còrr is deich air fhichead bliadhna. Fhad 's a bhios mi san dreuchd, tha mi an dòchas gun tèid agam air cur ri adhbhar bàrdachd na Gàidhlig agus bàrdachd a dhèanamh a rèir's mar a fhreagras.

Am measg nan rudan anns a bheil mi air a bhith an sàs o chionn ghoirid tha:

- *Bho Bheul an Eòin* <https://www.derekrobertson.com/bho-bheul-an-eoin/> leis an fhear-ealain Ruairidh MacDhonnchaidh. 'S e th' ann an *Bho Bheul an Eòin* sleath de dhealbhan is de sgrìobhadh le Ruairidh mu ghnèithean ùra a tha air nochdadhdh ann an Alba o chionn ghoirid agus duanagan leam fhìn nan cois. Am measg nan gnèithean a tha air ainmean Gàidhlig fhaotainn le comhairle eòlaichean tha: Bolg-losgainn Caora; Corra-bhàn a' Chruidh; Corragan-mara Uaine; Cruinneag Liath; Fiadh-comhartaich; Lacha-dhubh na Tuinne; Leòman Gille-coise Odhar; Mogairlean-seillein agus; Sùrdagan Beag. Thèid an t-saothair a thaisbeanadh fad beagan sheachdainean aig Leabharlann MhicilieMhicheil ann an Glaschu an lùib COP26 agus thèid a foillseachadh mar leabhar le Nàdar Alba na dhèidh sin.

ann am blàthachadh an earraich ghil, de lìrein-sneachda
a' togail ceann is a tighinn ris gun fhiosta
nam mìrean fo bhàrr nam beann àrda

- Rinn mi obair le Ruairidh MacDhonnchaidh aig *Féile an Earragail* am-bliadhna cuideachd <https://eaf.ie/events/cosan-choilmcille/>. Chuir mi an dàn iomraiteach le Alasdair mac Mhaighstir Alasdair "Birlinn Chlann Raghnall" go Gàidhlig na h-Èireann mar "Birling Chlann Uí Dhónaill" agus rinn Ruairidh an obair-ealain an cois nan earrannan. Seo mar a the Earrann IX den dàn mar a nochd e san leabhran Cosán Cholm Cille a dh'fhoillsich muinntir na Fèille agus san fhilm na chois:

IX An Fear Cluaise

Suíodh fear gasta
Ina chrann tacá
A láimhseoidh an chluas
Ar lom na gaoithe,

A imreoidh síos,
Suas gach croga
De réir mar a thagann
An soirbheas nó barr urchóide

Is má chíonn onfais ag éirí,
Ag teacht le hosna,
Lomadh sé go tréan
Síos go stoc í.

- Tha mi ag obair air sleath dhuanagan beaga ceangailte ri Tír Chonaill cuideachd ann an saothair a fhuair taic bhon Chomhairle Ealaíon ann an Èirinn agus air a bheil mar ainm Ag Gearradh Fríd a' Bhriota. Nochd feadhainn de na duanagan aig *Féile an Earragail* 2020 san fhilm *Le Sruth Líonta* <https://www.youtube.com/watch?v=68scbmj2NbA>.

in Inis Bó Finne, solas geal
de bharr na dtónn ag dealramh thall
fá dhealbh na Maighdine Muire seal

- Tha iad seo car coltach ris an t-sreath A' Sealltainn air an Linne Shlèitich a th' air a bhith a' dol agam fad bliadhna no dhà a-nis agus às a bheil earrannan air nochdadhdh thall 's a-bhos. Bidh feadhainn aca mar chuid de *Fhèis Speuran Dorcha Innse Gall* <https://lanntair.com/creative-programme/darks skies/> san t-Samhain.

BÀRD A' CHOMUINN 2021 - RODY GORMAN

a' falbh san Fhaoilinn dhomh feasgar fuar, fuich!,
boladh na feamad mu mo chasan a' lobhadh
far an robh nan linn a' chlann a' cluich

- 'S e an leabhar mu dheireadh a thug mi a-mach *Cuala, Dothra, Tríríni* (Coiscéim, 2021). Tha feadhainn de na dàin ann gan aithris ann an clàradh a rinn mi don fhilm *Turas* a tha mar chuid den fhèis IMRAM www.imram.ie à Baile Àtha Cliath (12 Dùblachd).

gan ann ach mé féin sa bhféinín
a ghlac mé féin an lá sin
ar thrá Chill Inón Léinín

- 'S e am foillseachadh as ùire leam an dàn "Beinn na Caillich" ann an *Golden Treasury of Scottish Verse* (Canongate, 2021).
- Sreath eile, san dà Ghàidhlig agus sa Bheurla, a tha mi a' cur ris fad na tide agus o chionn beagan bhliadhnaichean 's e *Sweeney: An Intertonguing*, san dà Ghàidhlig, sa Bheurla agus ann am measgachadh air a bheil *lingua gadelica*, air a stèidheachadh air an sgeul *Buile Shuibhne* ann am bàrdachd is ann an rosg, agus seo earrann às:

25 Mo Dhìol

M' oidhche 'n Cille Dearbhail,
'S i na bhris mo chridhe,
Dursann dhomh sgaradh,
A mhic mo Dhè, ri Dail Àirigh.

Deichnear is deich ceud laoch de shluagh
A bh' agam an Druim Fraoich an là sin,
Ged as beò mi, a mhic Dè, gun treisead,
Ba mhise 'n céann-comhairle.

Mùiche m' oidhch' a-nochd
Gun ghille 's gun lùchairt ann,
Cha b' i m' oidhche 'n Druim Dhamh,
Mise 's MacFhionlaigh 's MacDòmhnaill.

Maig mar a dh'fhuirich mi ris an dàil
Mar dhàin, a rìgh nan dùl,
Ged nach d'fhuair mi gu bràth de dhìol
Ach m' oidhche 'n Cille Dearbhail.

- Fhuair sreath eile fhathast *Ri Linn Glasadh an t-Sluaigh* taic bho *Spiorad 360* <https://www.spiritofthehighlands.com/spirit-360/> o chionn ghoirid agus tha mi a' cur ris fad na tide. Tha feadhainn de na dàin ann gan aithris ann an clàradh a rinn mi le Alasdair MacAoidh don fhilm *Glasadh* a tha mar chuid den fhèis IMRAM www.imram.ie à Baile Àtha Cliath (16 Samhain).

Gàirdeachas

A' falbh leam seachad
Eadar Sgoil na Cille Bige
'S an clachan sa Chille Mhòir
Car tràth Didòmhnaich
Is na làithean a' dol air ais
Is na h-eòin gun cheilear
Is am foghar a' tighinn gu ceann
Ann an glasadh an t-sluagh,
Cha robh fios no for agam
Co dhiubh a bh' agam seirm
Agus còisir na cloinne
No 'n sluagh a' seinn thall ud
Is iad a' briseadh an tàimh
Mar nach do dh'fuirich duine
Bho chionn ùine nan cian
Ach co-dhiù no co-dheth,
'S ann a thog e mo chridhe
'S abair gun d'rinn mi gàirdeachas.

BÀRD A' CHOMUINN 2021 - RODY GORMAN

I am greatly honoured to have been awarded the position of Bard of the Comunn Gàidhealach. I congratulate and thank Sandy for all she has done and written whilst in office. I am conscious and proud that I'm following in the footsteps of so many others also, including Donald Macintyre, Mary Maclean, Angus Peter Campbell, Myles Campbell, Catriona Montgomery and Aonghas MacNeacail, not to mention the office-bearer in 1935, Donald Grant of Camuscross, where I have lived for more than 30 years. While in office I hope to promote Gaelic poetry and produce relevant work.

Amongst the projects in which I've been involved recently are:

·*From the Bird's Mouth* <https://www.derekrobertson.com/bho-bheul-an-eoin/> with artist Derek Robertson. This consists of a series of paintings by Derek of species which have recently appeared in Scotland and poems by myself to accompany them. Amongst the new species which have acquired Gaelic names following expert advice are: Azure Damselfly; Bee Orchid; Buff Footman Moth; Cattle Egret; Green Sea Fingers; Muntjac Deer; Scarlet Berry Truffle; Small Skipper Butterfly and; Surf Scoter. The work will be on display for a few weeks at the Mitchell Library in Glasgow as part of COP26 and afterwards and will be published as a book by NatureScot.

*warming in the bright white spring, all those snow algae coming up into bloom suddenly as fragments under the cream-crop
top of the high hills*

·I also worked with Derek Robertson at the *Earagail Arts Festival* <https://eaf.ie/events/cosan-choilm-cille/>. I translated Alexander MacDonald's celebrated "Clanranald's Galley" into Irish Gaelic and Derek produced the artwork for each section.

·I am working on a sequence of pieces also connected with Donegal in a project supported by the Arts Council of Ireland, entitled *A' Gearradh Frid a' Bhriota*. Some of the pieces appeared at the Earagail Arts Festival in 2020 in the film *Le Sruth Líonta* <https://www.youtube.com/watch?v=68scbmj2NbA>.

*in Inishboffin, a bright white light from the creamcroptop of the waves appearshines over there underaroudn the bleakstatue of
the Bleesed Virgin for a moment*

·These resemble in form the sequence *Showlooking at the Sound of Sleat* which I've been working on for a couple of years. Some of the pieces will feature at the *Hebridean Dark Skies Festival* in November <https://lanntair.com/creative-programme/darks skies/> san t-Samhain:

*going on the shore on a cold afternoon, yugh!, the stink of seaweed about my feet rotting
where the children played in their day*

·My most recent publication in book form is *Cuala, Dothra, Tríríni* (Coiscéim, 2021). Some of the pieces feature in the film *Pilgrimagetimetimejourney* as part of the literary and arts festival IMRAM www.imram.ie in Dublin (12th December).

just myself in the selfie I took that day on the beach at Killiney

·My most recent publication is the poem "Beinncaillicholdwifewitchmoormountain" in *The Golden Treasury of Scottish Verse* (Canongate, 2021).

·Another sequence on which I've been working is *Sweeney: An Intertonguing*, in English, Irish and Scottish Gaelic as well as a composite form lingua gadelica, based on the mediaeval verse and prose romance *The Frenzy of Suibhne* and here's a representative section:

He was decorated like this: a filmy tullesilk albshirt
Next to his brightwhite handsomebodyskin
And a royal ruched satin loinkilt around it
Congall had made for a sovereign and gave him at the battle
Of Moira that day for overthrowing the army
Of L. L. Phelan, Olav of Keady,
And a lilacpurple innertuniclayer
Coloured with warpclose stripselvage well plaitwoven
With delightbeautiful findrinny gold goldburnished
In layers of dearsmooth gemstones of carbunclescabmesh-husk
From one headend of that strip selvage to the other
With arcbillowloops of silkvelveeteen over
Smoothshining studbeadbuttons to rallydamclose
And open it and a glebecuttingtroutspeckling
Variegation of all whitebright moneysilver
Everywhichway and every havenjourneywaypass
He went and a needlenarrow spearpointhard
On that innerlayertunic, two exceedingly long
Broadflatsurfaced splinterspears in his hands,
A speckledtroutpoxyyellow buffalohornbugle
Corniculated wingshield on his topvineback
And a fistgolden glaivesword on his left chestside.

- Yet another sequence Over a Hundred Days of Solitude in the Highlands has received funding from Spirit 360 <https://www.spiritofthehighlands.com/spirit-360/> and is ongoing. Some of the pieces, recorded with Alistair Mackay, feature in the film Greengraylockdown as part of the literary and arts festival IMRAM www.imram.ie in Dublin (16th November).

Going past eitherbetweenboth the school in Kilbeg and the stony village churchyard in Kilmore a wee bit prayermealtime-early on Sunday and the days going back and the birds not hidewarbling and autumn coming to a headend, I had no idea if what I had was the bellringsing and choirbird-song of the clanchildren or folk singing over there burstbreaking the peacequiet like not a manperson had feltheard for long ages but, whatever, it lifted my spirits and I rejoiced.

Rody Gorman

SEÒLAIDHEAN PUIST-DEALAIN AIRSON BUILL A' CHOMUINN

Ma tha sibh nur ball den Chomunn Gàidhealach, bhitheamaid fada nur comain nan dèanadh sibh cinnteach gu bheil am fiosrachadh pearsanta agaibh ceart anns a chunntas agaibh.

Gheibh sibh a-steach dhan chunntas agaibh an seo: <https://enter.ancomunn.co.uk>

Gu sònraichte, dèanaibh cinnteach gu bheil seòladh post-dealain againn dhuibh, gus am bidh sibh a' faighinn fiosrachadh bhuainn.

Cuiribh fios gu peigie@ancomunn.co.uk airson tuilleadh fiosrachadh.

BÙTH A' CHOMUINN

Tha Bùth a' Chomunn Ghàidhealaich dùinte an dràsta don phoball ach 's urrainn stuth a cheannachd air-loidhne [an seo](#). Thoiribh suil agus ma tha càil ann a tha sibh airson a cheannach, gheibhear e an sin.

Tha Buill a' Chommuinn a' faighinn lughdachadh 10% air nithean sa bhùth. Ma tha sibh a' lorg rudeigin nach eil anns an stòr againn, cuiribh fios gu: peigie@ancomunn.co.uk

E-MAIL CONTACTS FOR AN COMUNN GÀIDHEALACH MEMBERS

If you are a member of An Comunn Gàidhealach, please check your details are correct in your online account.

You can access your account here:
<https://enter.ancomunn.co.uk>

Please ensure we have an email address for you, so that you will receive future correspondence from the organisation.

Please contact peigie@ancomunn.co.uk for further information.

AN COMUNN GÀIDHEALACH SHOP

The An Comunn Gàidhealach Shop is closed to customers but our online facility is available [here](#). Have a browse and if you see anything you fancy, you can order it there.

Members of An Comunn Gàidhealach receive a 10% discount. If you are looking for something in particular, but cannot see it on our website, please do not hesitate to contact us:

peigie@ancomunn.co.uk



CULTARLANN INBHIR NIS

A bheil sibh a' sireadh cothrom gus Gàidhlig a' bhruidhinn ann an Inbhir Nis? Tha? Uill, thigibh còmhla rinn an ath sheachdain dhan Oidhche Ghàidhlig againn, Gàidhlig sa Bhaile, airson beagan Gàidhlig a' bhruidhinn agus eòlas a chur air feadhainn aig a bheil i!

Chì sinn ann sibh!

CULTARLANN INBHIR NIS

Are you looking for an opportunity to speak Gaelic in Inverness? Yes? Well, join us next week for our Gàidhlig Evening, Gàidhlig sa Bhaile, to speak a little Gaelic and to get to know other Gaelic speakers.

We will see you there!

The evening is aimed at those with some conversational Gaelic.

8f Diardaoin 4mh den t-Samhain

Gàidhlig sa Bhaile



Thigibh ann airson beagan
Gàidhlig a' bhruidhinn agus
eòlas a chur air feadhainn aig
a bheil i!



COTHROMAN OBRACH

Tha Bòrd na Gàidhlig gu bhith a' cumail bhùthan-obrach airson taic a chumail ri daoine a tha airson pròiseactan Gàidhlig a lìbhrigeadh gus na beachdan aca a chur an gnìomh.

Tro na bùthan-obrach air-loidhne seo, bidh sinn a' beachdachadh air:

- Mar a tha thu a' planadh phròiseactan soirbheachail
- Mar a bhios tu a' measadh buaidh a' phròiseict agad
- Mar a tha thu a' cur Gàidhlig aig chridhe do phròiseict
- Mar a gheibh thu lorg air com-pàirtichean airson phròiseactan
- Deagh chleachdadh ann a bhith a' sireadh taic-airgid is lònadh fhoirmichean-iarrtais
- Tùsan-airgid ri fhaighinn bho Bòrd na Gàidhlig agus buidhnean-maoineachaidh eile.

Bidh na bùthan-obrach seo air an lìbhrigeadh le Brian Ó hEadhra, Manaidsear Chom-pàirteachasan is Maoineachaidh is Steven Kellow, Oifigear Maoineachaidh is Phròiseactan.

Bidh seiseanan ri fhaighinn ann an Gàidhlig no Beurla.

Diardaoin 10 Samhain - 7f - 8.30f (Beurla)

Diardaoin 18 Samhain - 7f - 8.30f (Gàidhlig)

Diciadain 1 Dùblachd - 10.30m - 12f (Beurla)

Clàraich [an seo](#).

A' LEASACHADH IS A' LÌBHRIGEADH PRÒISEACTAN

Bùth-obrach le Steven Kellow agus Brian Ó hEadhra

Bòrd na Gàidhlig

#cleachdi

VACANCIES

Bòrd na Gàidhlig will be holding workshops to support those who want to deliver Gaelic projects and to develop their ideas into actions.

Through these workshops, we will look at:

- How you plan for a successful project
- How you can assess the impact of your project
- How you put Gaelic at the heart of the project
- How you can find partners for your project
- Best practice in seeking funding and completing funding applications
- Funding sources available from Bòrd na Gàidhlig and other funders

These workshops will be delivered by Brian Ó hEadhra, Partnerships and Funding Manager and Steven Kellow, Funding and Projects Officer.

Sessions are available in Gaelic and English. If you have any questions about these workshops, please let us know at fios@gaidhlig.scot

Register [here](#).



THA BÒRD NA
GÀIDHLIC
A' SIREADH

Oifigear-taic Conaltraidh

£ A4: £24,184 – £25,709

📅 1/11/2021 10m

📍 Sùbailte

THA BÒRD NA GÀIDHLIC
A' SIREADH

Oifigear Phlanaichean Càinain

⌚ 18 mìosan

£ B2: £31,266 – £35,813

📅 1/11/2021 10m

📍 Sùbailte

Obraichean Gàidhlig

MUR DEIDHINN

Chaidh Obraichean Àgidhlig a stèidheachadh ann an 2016 airson sanasan-obrach ri linn na Àgidhlig a shanasachd air-loidhne. Bhon uair sin, tha còrr is 1,000 dreuchdan Àgidhlig air a bhith ri fhaighinn air feadh na h-Alba.

OBRAICHEAN

Faic na h-obraichean a tha ri fhaighinn an-dràsta agus dèan tagradh.

CLÀRAICH

Clàraich leinn airson cunntas-bheatha, rabhaidhean no chomharrachean a dhèanamh.

DÈAN SANAS-OBRACH

Cuir sanas-obrach air an làrach saor an-asgaidh 's lorg luchd-tagraigdh.

CUAIRT-LITIR

Clàraich airson ar chuairt-litir 's gheibh thu fios air obraichean ùra.

OBRAICHEAN ÀRIDHЛИG RI FHAIGHINN AN-DRÀSTA

Gheibh sibh an seo na h-obraichean Àgidhlig a tha air an sanasachd an-dràsta air feadh na h-Alba.

[Obraichean / Jobs > Obraichean Àgidhlig](#)

ABOUT OBRAICHEAN ÀRIDHЛИG

Obraichean Àgidhlig was founded in 2016 to help advertise Gaelic job vacancies online. Since then, over 1,000 positions have been advertised from across Scotland.

JOBS

See what jobs are currently available and apply.

SIGN UP

Register on the site to create a CV, alerts or bookmarks.

POST A JOB

Post your job on the site for free and find applicants quickly.

NEWSLETTER

Sign up to our newsletter to get new jobs to your inbox when they're posted

GAEILIC JOBS AVAILABLE RIGHT NOW

Here you'll be able to find all of the Gaelic jobs listed right now across Scotland.

[Obraichean / Jobs > Obraichean Àgidhlig](#)





Am freagair sibh còig ceistean mu dheidhinn ar
leabhraichean-èisteachd?

Tapadh leibh!

<https://surveymonkey.co.uk/r/ZPG52W9>



Here are five quick questions about our
audiobooks- we'd really appreciate it if you could
fill out the survey!

<https://surveymonkey.co.uk/r/ZPG52W9>



www.acairbooks.com

**TABHARTASAN A' CUMAIL TAIC
RIS NA H-EALAIN GÀIDHLIG
GRANTS TO SUPPORT GAELIC
ARTS PROJECTS**

**Ceann-latha airson iarrtasan
05/11/2021**
Deadline date for applications

Stiùireadh agus foirm-iarrtas
www.feisean.org/meg
Guidance and application form

Administered by



Funding From



Supported by
The National Lottery®
through Creative Scotland




**MAOIN
NAN
EALAN
GÀIDHLIG**

LEUGH IS SEINN LE LINDA

Tha Comhairle nan Leabhrachaean agus ar caraidean aig Leabharlann Bàrdachd na h-Alba taingeil do dh'Anna Frater, Meg Bateman agus Petra Poncarová airson pàirt a ghabhail sa bhidio seo a' comharrachadh ceud bliadhna bho rugadh Ruaraidh MacThòmais.

Gheibhear am bhidio an [seo](#).



LEUGH IS SEINN LE LINDA

The Gaelic Books Council and our friends at the Scottish Poetry Library are grateful to Anna Frater, Meg Bateman and Petra Poncarová for their contribution to a fascinating video celebrating the centenary of Derick Thomson.

Watch the video [here](#).



A celebration of Derick...

Derick Thomson Centenary Film
scottishpoetrylibrary.org.uk


A' lasadh litreachas na Gàidhlig

Inspiring Gaelic Literature

Thoir sùil air ar làraich-lìn ùr!
www.gaelicbooks.org



Comhairle nan
Leabhrachaean
The Gaelic Books Council



LEUGH IS SEINN LE LINDA

Bha sinn toilichte gun deach dà sheisean de Leugh is Seinn le Linda a chraoladh air-loidhne arithist am bliadhna, air a chur air dòigh le Comhairle nan Leabhraichean.

Bha na seiseanan seo airson clann eadar 0-5 bliadhna a dh' aois agus tha iad fhathast rim faicinn air duilleag Facebook Comhairle nan Leabhraichean.

Taing mhòr do Linda agus do Chomhairle nan Leabhraichean airson na seiseanan seo a chur air dòigh. Tha sinn an dòchas gun do chòrd iad ribh!




LEUGH IS SEINN LE LINDA

We were delighted that the Gaelic Books Council hosted two online Leugh is Seinn le Linda sessions during Mod week again this year.

The sessions were for children aged 0-5 years and can still be viewed via the Gaelic Books Council Facebook page.

Many thanks to Linda and the Gaelic Books Council for organising both events. We hope you enjoyed them!





<https://www.facebook.com/storlann/>



#cleachdi
aigantaigh

OIFIS INBHIR NIS

Àrd-oifigear:

Seumas Greumach

Oifigear a' Mhòid:

Seonag Anderson

Oifigear Thachartasan agus

Chonaltraidh Digiteach:

Rowan NicPhàdraig

An Comunn Gàidhealach
Taigh Bhaile an Athain
40 Sràid Hunndaidh
Inbhir Nis
IV3 5HR

Fòn: 01463 709 705

Post-d: seonag@ancomunn.co.uk

OIFIS STEÒRNABHAIGH

Rùnaire a' Chomuinn:

Peigi NicLlinnein

Oifigear a' Mhòid:

Marina NicAoidh

(pàirt-ùine)

An Comunn Gàidhealach

Aonad 7a

7 Sràid Sheumais

Steòrnabhagh

Eilean Leòdhais

HS1 2QN

Fòn: 01851 703 487

Post-d: peigie@ancomunn.co.uk

